


CÒ RIS A BHA BEATHA ANNAN ALBA NUAIR A BHA AN TIONNSGAL EACONAMAIGEACH A' DOL AIR ADHART?



Dè tha sinn a' rannsachadh?

Aig deireadh an leasain seo, faodaidh tu:

- 1 Stòrasan a mheas mar dhearbhadh air cò ris a bha cùisean coltach, sna bailtean mòra ann an Alba *
- 2 A' bhuaidh shòisealta a bh' aig an Tionnsgal Eaconamaigeach air a' mhòr-shènaigh/luchd-obrach, a mlineachadh

am

* mar eisimpleir:

Teisteanas/beul-aithris/litrichean bho dhaoine, sgrìobhadairean agus fianaisean a bha an làthair

Àireamhan aig an am staitistigeil

Pàipearan-naidheachd


Daoine proifeiseanta - dotairean,

luchd-lagh, buill phàrlamaid, etc

Figearan oifigeil

Buidheannan carthannais


Luchd-sgrùdaidh/rannsachaidh



Eadar 1750's
1850
dh'atharraich
Alba gu mòr:

Bho bhith
Stèidhichte air
obair-
àiteachais

Gu bhith
Stèidhichte air
gnìomhachasan
anns na bailtean



SLUAGH GHLASCHU


150,000

100,000

50,000


0

1750 1821




CÒ BU MHOThA A SHOIRBHICH NUAIR A BHA AN TIONNSGAL EACONAMAICEACH A' GABHAIL ÀITE?

Dh'fhàs feadhainn ann an Alba gu math beairteach ri linn an Tionnsgal Eaconamaiceach. Bha cuid dhiubh, mar an Ridire Uilleam Burrell ann an Glaschu, agus na bràithrean Coates ann am Pàislig, a' tionail rudan luachmhor bho air feadh an t-saoghail. Bha daoine eile le airgead gu leòr, (middle class – sa chlas-mheadhain) 's fhuair iadsan air falbh bho na factaraidhean; mar eisimpleir, gu taighean mòra sa bhaile ùr, ann an Dùn Èideann, air neo gu taighean brèagha air iomall sgìre Obar Dheathain.



Ridire Willeam Burrell



Pàdraig Coates

1778 An taigh a thog Willeam Cunninghame fear a bha a' malairt tombaca. (Tha an togalach seo an-diugh air a chleachdadh mar Taigh-tasgaidh Nuadh Ealain ann an Glaschu)

Ach, cha robh cùisean cho fàbharach son a' chuid bu mhotha de dh'Albannaich. Bha cunntas-sluaigh ann an ochd ceud deug seasgad's a seachd (1867), ag innse gur ann sa chlas-obrach a bha seachdnar a-mach às gach deich ann an Alba (70%).

1867



Bha dhà a-mach às gach trì (2/3) dhiubh sin a' fuireach ann an Glaschu, Dùn Èideann, Obar Dheathain, no Dùn Dè aig an àm – (bha ceithir bailtean mòra ann an Alba an uair sin.)



CÒ RIS A BHA E COLTACH AN UAIR SIN, A' FUIREACH ANN AM BAILE MÒR?


Taigheadas - Rinn cuid airgead mòr aig an àm seo agus ghluais an fheadhainn a bu bheairtich a-mach gu, mar eisimpleir, Baile Ùr Dhùn Èideann agus Taobh Siar Ghlaschu (m.e. Great Western Road).

ACH 's e sgeulachd gu math diofraichte a bh' ann son teaghlaidhean cumanta. Thòisich uachdarain a' togail taighean saor gun goireasan sam bith, no a sgaradh seann taighean mòra son iomadh rumannan singilte a dhèanamh.

Cha do chosg na h-uachdarain sna bailtean mòra, mòran airgid air na taighean (son luchd-obrach) a thog iad; a bharrachd air sin, dh'atharraich iad taighean eile a bha na bu shine, gus am faigheadh iad barrachd dhaoine a-steach annta. Mar seo, gheibheadh iad barrachd airgid ann am màl bho na daoine a bha a' tighinn a-steach dha na bailtean mòra, a' sireadh obrach. Anns na togalaichean teanamant a bha seo, gu tric bhiodh teaghlach a' fuireach ann an rumannan singilte (single-end).



**ANN AN 1800 B' E AON
DUINE A-MACH À
SIANAR A BHA A'
RUIGHINN A' CHIAD
CHO-LÀ BREITH**



**Fios
A**

THA OIBRICHE ANN AM MUILEANN CHOTAIN A' GEARAIN


"Ged a tha sinn ag obair ceithir uairean deug gach latha, chan eil an tuarastal againn ach ìosal. Tha na beartan-obrach agus nan innealan meatailt annta a tha a' gluasad air ais 's air adhart, salach, agus uaireannan, cunnartach dhuinn. Nì iad tòrr fuaim cuideachd. Chan fhaigh sinn fàsadh cinnteach ach airson ùine ghoirid bho àm gu àm. Chan fhaod sinn a bhith dheth tinn, no cailidh sinn an obair.

Chan eil lagh na dùthcha a' dìon nan còirichean againn idir, 's chan eil againn ach gabhail ri cùisean mar a tha iad. Chan eil dragh aig an riaghaltas dhuinn nas motha, agus cha chuidich iad daoine gun obair, daoine tinn no daoine aosta. Tha sinn bochd agus fuirichidh sinn bochd cho fad 's a bhios sinn beò."

TRIOBLAIDEAN TAIGHEADAS

Cus daoine anns an aon aite
Uisge truailhte
Saibhearan fosgailte
Biadh bochd
Salachar & Òcraichean

PLANA THEANAMANT A BHA CUMANTA SON DHAOINE SA CHLAS-OBRACH



COIMHEAD AIR AN AON RÙM GU SÒNRAICHTE AGUS AN TEAGHLACH A THA A' FUIREACH ANN:

Tha cunntas-sluaigh son a' bhliadhna ochd ceud deug seasgad's a h-aon (1861), a' sealltainn gun robh seasgad's a ceithir sa cheud (64%) de dh'Albannaich a' fuireach ann na rumannan singilte. Ann an ochd ceud deug ochdad's a sia (1886), bha aon thrian () de theaghlaichean ann an Glaschu a' fuireach ann na rumannan singilte. Sa chumantas ann an Glaschu an uair sin, bha na rumannan singilte mu cheithir gu leth (4.5) meatair a dh'fhaid, agus mu thrì gu leth (3.5) meatair a leud. Agus ann an deich sa cheud (10%) dhiubh sin, cha robh uinneagan annta.



AN AITHRIS A BH' AIG AN DOTAIR SUTHERLAN D NUAIR A SGAOIL AN GALAR, CHOLERA, ANN AN GLASCHU SNA BLIADHNAI CHEAN 1848 - 1849




NA H-IOMAIRTEAN AIRSON SMACHD FHAIGHINN AIR AN TINNEAS SEO:

"Tha na sràidean air an cuir a-mach ann an sreathan de chlobhsaichean caola, feadhainn dhiubh cho caol ri ceithir no còig troigh bho thaobh gu taobh, ach tha iad gu math fada. Tha na taighean cho àrd 's nach buail gathan na grèine an cuid as motha den taigheadas idir.

Tha fionnarachadh (a' leigeil èadhair troimhe) san dòigh àbhaisteach, do-dhèante. Tha bogsaichean òtraich (feadhainn dhiubh fo na taighean fhèin) faisg air uinneagan 's dorsan nan taighean. Tha na bogsaichean seo làn de dh'òtrachais (bho shluagh mhòr) agus bidh seo ann gus an toir tuathanaich an òtrachas seo air falbh.

Chan eil dìgean ceart sna sgìrean seo, agus far a bheil sàibhearan ceart ann, air sgàth 's nach eil iad air an glanadh ceart (le uisge gu leòr a' ruitheas tromhpa, a' toirt an salchair/òtrachais air falbh), tha iomadh lòn de uisge shalach ann, a' truailleadh an èadhair. Aon uair, chunnaic mi clobhsa aig a' chùl, làn uisge uaine le fìor droch fhaileadh, seachd oirleach a dhoimhne."



Fios
C



BHO ARTAIGIL A NOCHD SAN IRIS DÙN PHÀRLAIN, OCHD CEUD DEUG CAOGAD 'S A CEITHIR (1854):

Fios
D

“Chan urrainn dha neach beagan ceum-coise a ghabhail air Sràid Àrd a’ bhaile gun a bhith air uabhasachadh, le seallaidhean sgreadaidh fhaicinn agus fàileidhean gu math mi-chàilear fhaireachdainn. Chan eil fiù ‘s aon taigh beag poblach againn sa bhaile bho chd seo de chòig mìle daoine deug (15000).

Tha e fìor gu bheil cairt a’ dol timcheall a’ bhaile, dà uair san latha, a’ toirt òtrachais an t-sluaigh air falbh, ach chan eil sin fhèin gu leòr airson slàinte ar baile a leasachadh. Chan eil uisge poblach ceart ann, a bharrachd air aon ghoc ri taobh saibhear fosgailte le radain ann. Tha galar agus am bàs a’ feitheamh anns gach guitear (dìg).”

CÙIRT AN RÌGH 'CHOLERA'



A COURT FOR KING CHOLERA.

**Fios
E**

Sgudal bho thaighean ann an òtraichean sa chlobhsa. Bha cholera gu math gabhaltach (furasta a ghlacadh) agus cunnartach ann an suidheachadh mar seo. Tha cholera beò ann an uisge.

Bidh daoine uabhasach tinn agus faodaidh iad bàsachadh leis mur am faigh iad cobhair meidigeach. Ann an ochd ceud deug trithead 's a dhà (1832), bhàsaich deich mìle duine ann an Alba nuair a bhris cholera a-mach.

CÙIRT AN RÌGH 'CHOLERA'

1

Goc – cha robh ann ach an aon, son a h-uile duine a bha a' fuireach san teanamant. Is ann bho thobair a bha an uisge a' tighinn, ri taobh an òtraich.

3

Saibhear fosgailte – bhiodh salchair a' laighe an seo.

2

Taigh beag poblach son a h-uile duine os cionn an òtraich's cha robh saibhear ceart ann.

4

Bhiodh an salchair bhon òtrach air a thoirt air falbh ann am peilichean tron oidhche le luchd-obrach.

6

Bha feadhainn a' fuireach sna seilearan (cellars) cuideachd.

5

Bha na togalaichean gu math faisg air a chèile le mòran dhaoine a' fuireach air muin a chèile (teaghlaichean gu lèir ann an aon rùm).

Fios F

5

2

3

6

4

1



CIAMAR A DH'FHÀS CÙISEAN NA B' FHEÀRR MU DHEIREADH?

BHO 1840



Adhartasan ann
an taigheadas

B' fheudar do
chomhairlean uisge glan
ann am pìoban a thoirt gu
na daoine. Thàinig an uisge
glan à Loch Katrine.

Chaidh
sàibhear an a
chur air
dòigh.

Chaidh
òtraichean a
ghlanadh.

Chaidh cuir às do
mòran dhe na
taighean beag oillteil
a pha na roinn eadar
tòrr theaghlaichean.

Dh' fheumadh
uachdarain taighean
a dhùnadh nach
robh freagarrach do
dhaoine.



DÈAN SEO...

- 1** Dèan liosta de na duilgheadasan a bh' aig daoine sa chlas-obrach sna bailtean mòra (luchd-obrach nam factaraidhean). Cleachd Fios A gu G son cuideachadh a thoirt dhut. Cia mheud rud a chì thu?
- 2** Dè tha an sgrìobhaiche ann am Fios A a' smaoinichadh mu dheidhinn chùisean sa bhaile? Feuch gun cleachd thu feadhainn de na faclan/briathrachas a bh' aig an sgrìobhaiche fhèin nad fhreagairt.
- 3** Dè tha an sgrìobhaiche a' smaoinichadh a dh'fhaodadh tachairt mura tig piseach air siostam-slàinte nam bailtean mòra (ma dh'fhuiricheas cùisean mar a tha iad?)
- 4** Is e tìotal Fios E: Cùirt an Rìgh 'Cholera'. Dè tha an neach-ealain/dealbhadair a' feuchainn ri shealltainn mu dheidhinn chùisean sna bailtean mòra?
- 5** Dèan mas-fhìor gu bheil thu a' fuireach ann an teanamant (coltach ri feadhainn ann am Fios F). Sgrìobh leabhar-latha ag innse cò ris a tha do bheatha làitheil coltach, do shlàinte agus na rudan a dh'fheumas tu dèiligeadh ris. Cleachd am fiosrachadh san teacs son cuideachadh a thoirt dhut.



CÒ RIS A BHA BEATHA ANNAN
DHAOINE COLTACH NUAIR A BHA AN
TIONNSGAL EACONAMAIGEACH
A' DOL AIR ADHART?

ni
am
e-stòras